

Crowne Plaza, Glaschu

Diardaoin 29/11/18, 1300-1600

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:	Jo NicDhòmhnaill (sa Chathair)	Màiri Kidd
	Iain Stephen Moireasdan	Donaidh MacAmhlaidh
	Calum MacFhearghais	Daibhidh Brew

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)  
Niall M. Greumach (Stiùiriche Ionmhais)  
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)  
Mairi Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Ailean Dòmhnallach (Cathraiche ainmichte)  
Mairead Màiri Mhoireach, Ceannard Seirbheis BBC ALBA (airson puingean 8 & 12)

*Chaidh seisean neo-fhoirmeil a chumail ro làimh eadar 0930 agus 1230, far an do chumar còmhraidhean mu na h-ath cheumannan ro-innleachdail airson co-bhanntachd BBC ALBA.*

**00. Cur an gniomh Cathraiche airson na coinneimh**

Ri linn nach robh Cathraiche an dreuchd, agus a rèir Gnàth Riaghailtean na buidhne, dh'iarr am Manaidsear Gàidhlig & Gnothaichean Corporra air buill Cathraiche airson na coinneimh a thaghadh. Chaidh Jo NicDhòmhnaill a moladh agus a dhearbhadh mar Chathraiche airson na coinneimh.

Chuir Cathraiche na coinneimh fàilte air a h-uile duine agus gu h-àraidh air Ailean Dòmhnallach, Cathraiche ainmichte na buidhne, a bhios a' tòiseachadh san dreuchd san Fhaoilleanach 2019.

## **1. Leisgeulan**

Dùghall MacAmhlaigh, Catriona Nic a' Phì.

Chaidh a chomharrachadh gum biodh Catriona Nic a' Phì a' leigeil dhith a dreuchd air a' bhòrd bho dheireadh na Samhna. Thug an Cathraiche taing dhith airson a cuid obrach thairis nam bliadhnaichean agus ghuidh am bòrd gach maith dhith san àm ri teachd.

## **2. Gnothaichean Dearbhte**

Chan robh gin.

## **3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh**

- a) 27/9/18 – aontaichte.
- b) Gnothaichean ag èirigh – chaidh iad seo a chomharrachadh.

A' toirt air adhart uallaichean na buidhne a thaobh Plana Nàiseanta na Gàidhlig, thug an t-Àrd-Oifigear ionradh air còmhraidhean a bha aige le Comhairle nan Eilean Siar agus Bòrd na Gàidhlig.

Chaidh innse cuideachd gun robhas am beachd “UNESCO Year of Indigenous Languages 2019” a chleachdad mar bhrannnd gus ìre mothachaidh a' chàin a thogail ann an iomairtean freagarrach, agus gun robhas ann an còmhradh le UNESCO mu dheidhinn.

Chaidh dearbhadh gun robh luchd-sgrùdaidh ùr bhon taobh a-muigh a-nis an dreuchd. Chaidh a chomharrachadh do bhuill gu robh e coltach gun togadh an luchd-sgrùdaidh ùr a' phuing mu ùrachadh an Aonta Laghail nuair a thigeadh e gu bhith ag aontachadh aithisg bhliadhnailean agus cunntasan na buidhne ann an 2019, mar a bha an t-seann luchd-sgrùdaidh a' dèanamh.

## **4. Aithrisean**

### **a) Aithris bho Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaileidh (7/11/18)**

Bha geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh fa chomhair nam ball. Thug Cathraiche na Comataidh ionradh air agus ghabh buill fa-near. Chaidh na leanas a chomharrachadh.

Bho choinnich a' Chomataidh, bha am buidheann air £50k a-bharrachd fhaighinn bho Riaghaltas na h-Alba airson mullach an togalaich a chàradh.

Thèid trèanadh a chuir air dòigh timcheall air coinneamhan bùird tro 2019.

Cumar bùth-obrach riosg aig coinneamh bùird a' Ghearrain 2019 agus bidh clàr riosgan ùr na buidhne fa chomhair nam ball aig a' choinneamh.

Chaidh a chomharrachadh gun deach gu math le deuchainn air a' phlana leantainneach gnothaich agus gu robh a' Chomataidh riaraichte.

**b) Aithris bho Chomataidh Inbhean (13/11/18)**

Cha robh geàrr-chunntas na coinneimh air beulaibh bhall ach thug Cathraiche na Comataidh iomradh air a' choinneamh agus ghabh buill fa-near. Chaidh na leanas a chomharrachadh.

Tha a' Chomataidh taiceil do na h-iomairtean a tha a' cuideachadh le bhith a' coileanadh amasan a' Phlana Nàiseanta.

Cumar a' còmhradh ri Bòrd na Gàidhlig agus am BBC mu na dreuchdan Manaidsear Ionnsachaidh agus Leas-dheasaiche Ionnsachaidh a thathas a' measadh iomchaidh airson taic a chur ri LearnGaelic.

Chomharraich Cathraiche na Comataidh gu robh ballrachd na Comataidh air a dhol sìos ri linn 's gu robh buill air an dreuchdan air a' Bhord fhágail agus gu robh e riatanach am ballrachd a neartachadh gus leantainneachd a dhèanamh cinnteach. Chaidh aontachadh coinneamh den Chomataidh Ainmeachaидh a ghairm tràth ann an 2019 far an tèid seo, am measg eile, a dheasbad. (Gníomh: MAMI)

Dh'innis Cathraiche na Comataidh gum biodh Iain Stephen Moireasdan sa chathair aig coinneamh na Comataidh sa Ghearran.

**5. Cunntasan Stiùiridh**

Bha pasgan cunntasachd Q2 2018/19 air beulaibh bhall agus an dèidh ceistean a chur agus freagairtean iomchadh fhaighinn thug buill fa-near.

## **6. Aithisg an Àrd-Oifigeir**

Bha aithisg ràitheil, le lèirmheas, agus a' togail gnothaichean cudromach nach robh sa chlàr-gnothaich, air beulaibh bhall agus ghabh na buill fa-near. Am measg nam puingean còmhraidi bha na leanas.

Cha innse gun robh am buidhean seachad air letheach tron bhliadhna, agus bha a h-uile coltas ann gu robhas a' coileanadh amasan Plana Obrachaидh 2018/19 anns na raointean a tha fo smachd na buidhne. Bha cunnart ann ge-tà gum biodh ruigse na seanail an luib luchd-cleachdaidh na Gàidhlig na bu lugha na an àireamh air an robh am Plana Obrachaидh ag amas agus gum biodh cleachdad BBC ALBA air an iPlayer nas isle na bhathar an dùil. Chaidh aithneachadh gu feumadh prògraman BBC ALBA a bhith nas fhasa an lorg air an iPlayer.

Chaidh innse gun robhas a' faicinn fàs luath air na meadhanan sòisealta.

Thugair iomradh air ionmhas na buidhne agus iomradh air an dà Mhaoin ùr, an Contestable Fund aig BFI agus an Broadcast Content Fund aig Screen Scotland. Thugadh fa-near gum biodh modailean-obrach ionmhasail agus coimiseanaidh a' cur barrachd cuideam air pròiseactan co-maoineachaidh airson brath a ghabhail air na Maoin ùra seo.

Chaidh innse gun deach Manaidsear Gniomha fhastadh, a' tòiseachadh san Fhaoilleach 2019 agus gun robh dithis a-nis ann an sgioba LearnGaelic.

Chaidh iomradh a thoirt air tachartas Dover House agus na toraidhean a thàinig a-mach à sin.

Chaidh deasbad a chumail mu cho-chomhairle a' BhBC mu phoileasaidh maoineachaidh Cead-Craolaidh nan daoine a tha nas sine na aois 75. Chaidh aontachadh gu robh e cudromach gun deigheadh freagairt a chuir chun cho-chomhairle agus gur e barail a' Bhùird gun robh am buidhean mothachail air mathas a' phoileasaidh ach gum bu chòir dha a bhith air a mhaoineachadh bho chìsean san fharsaingeachd seach bhon Chead-Craolaidh. Rachadh còmhradh a chumail le cuid de luchd-ùidh, a rèir feum, mus rachadh freagairt oifigeil a chur a-steach. (Gniomh: DC).

## **7. Clàr Riosgan**

Bha pàipear agus clàr air beulaibh bhall a bha a' mìneachadh riosgan na buidhne. Chaidh deasbad a chumail.

## **8. Slatan-tomhais agus frèam measaidh phrògraman**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' sealltann soirbheas phrògraman le luchd-cleachdaidh agus rinn an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan aithris. Ghabh buill fa-near.

Chaidh a chomharrachadh gu robh ro-innleachd eadar-dhealaichte ann airson nan diofar ùrlaran agus gu robh an Aonad Dhidseatach ag obair gu ruige na diofar ro-innleachdan seo gach là.

Chaidh a chomharrachadh gu robh àireamhan luchd-amhairc an àrda beagan agus gu robh an àrdachadh sin ri linn, am measg eile, an comadaidh FUNC agus an drama Bannan.

## **9. Dashboard**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' sealltann an adhartais mu choinneamh thargaidean agus amasan na buidhne agus càite a bheil cnapan-starra. Ghabh buill fa-near. Chaidh innse gu robh a' mhòr chuid air an coileanadh agus an dèidh ceist no dhà bha buill riaraichte.

## **10. Lèirsinn 2021**

Bha dealbh air adhartas le Lèirsinn 2021 fa chomhair nam ball agus rinn an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd aithris.

Chaidh a chomharrachadh ged a bha an tuilleadh obrach ri dhèanamh gus rudan fèin-cruthaichte (UGC) a leasachadh bha aithne ann gu robhas air toiseach tòiseachaidh a dhèanamh agus dheigheadh togail air an sin.

Chaidh aontachadh bho seo a-mach am fiosrachadh air prògraman co-mhaoinichte a chuir cuide ris a' phàipear seo. (Gníomh: MAMI)

## **11. Plana buaidh 2021/22: Lèirmheas meadhan-teirm cairt a' BhBC**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh an amais, na roghainnean ro-innleachdail airson a bhith a' dèanamh cinnteach gu ruigeadh ar guthan an luchd-amais, na nithean a

bhitheamaid a' sùileachadh bho chomhairlichean bhon taobh a-muigh, ciamar a dhèanamaid manaidseadh air an sin, agus ciamar a dheigheadh sin a thomhas.

Ri linn 's gun deach beachdachadh air a' cheist seo san t-seisean ro-innleachd sa mhadainn, bha buill riaraichte gun deach còmhradh iomchaidh a chumail. A rèir sin, chaidh na leanas aontachadh:

- a. gun gabh Bòrd MG ALBA ri uallach a bhith brosnachadh a' BhBC gu bhith a' cur barrachd ri BBC ALBA;
- b. gun tèid an tuilleadh obrach a dhèanamh air na modailean a dh'faodadh a bhith ann airson nam meadhanan Gàidhlig a neartachadh;
- c. gum beachdaicheadh an Sgioba Àrd-stiùiridh air a bheil feum air taic pàirt-ùine bhon taobh a-muigh gus seo a choileanadh; agus
- d. gun rachadh £50k a chur gu taobh mar bhuidseat conaltraidh a bharrachd airson 2019/20 gus ceadachadh comhairlichean fhastadh a rèir feum. (Gniomhan: DC)

## 12. Adhartas le na 11 pròiseactan

Bha pàipear air beulaibh bhall le clàr de na 11 pròiseactan air a bheileas ag obair ann an co-bhanntachd leis a' BhBC agus fiosrachadh mu mhodailean co-obrachaidd. Ghabh buill fa-near.

Chaidh a chomharrachadh gu robh na h-iomairtean co-obrachaidd seo taobh a-staigh plana com-pàirteachaidh na seanail; a' gabhail a-steach stuthan air gach ùrlar agus stèidhichte air a bhith a' gleidheadh airgid à tobraichean eile.

Chaidh a chomharrachadh gu bheileas a' putadh airson freagairt fhaighinn bhon BhBC a thaobh a bheil iad am beachd an iomairt ionnsachaidh SpeakGaelic a mhaoineachadh agus gu robhas fhathast a' feitheamh fios bhon BhBC co-cheangailte ri bhith a' fastadh Leas-dheasaiche ionnsachaidh.

Chaidh fàilte a chuir air an naidheachd gum bi spòrs BBC ALBA air an iPlayer a dh'aithghearr ann an HD agus bho Foghar 2019 gum bi BBC ALBA air HD air an iPlayer air fad.

Chaidh iomradh a dhèanamh agus fios a thoirt seachad mu na slatan-tomhais a thathas a' cleachdad a thaobh nam pròiseactan co-mhaoineachaidh san robhas a' dol an sàs leis an t-seanail ùr BBC Scotland.

### **13. Plana Obrachaidh 2019/20**

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

Tha am buidheann a' planadh airson 2019/20, le dùil gum bidh Plana Obrachaidh deiseil airson 31/1/19, gus an cumar deasbad le Ofcom an dèidh sin. Chan eilear an dùil gum bi atharrachadh sa mhaoin aig MG ALBA (£12.8m), ach gu feumar feitheamh ri fios bhon Riaghaltas san Dùblachd.

Chaidh innse ged nach robhas a' moladh atharrachaidhean bunaiteach ann am buidseatan gu bheilear a' dealbhadh nan atharrachaidhean cultarail a tha riatanach gus a bhith a' freagairt air na gluasad an didseatach bunaiteach a tha tachairt sna meadhanan.

Chaidh a' phuing a thogail gu robh cunnart ann gu bheil an sgioba àrd-stiùiridh gann agus gur dochu gu robh an t-àm ann beachdachadh a bheil feum air taic aig àrd ìre no an ath ìre de mhanaidseadh a thoirt air adhart. Ann am prionnsabal, bha buill riaraichte gu leanadh an sgioba àrd-stiùiridh air adhart a' planadh a rèir a' Phlana, ach nan deigheadh co-dhùnadh gu bheil leasachaidhean a dhith, gun tigeadh molaidhean air ais chun a' Bhùird. (Gníomh: DC)

Chaidh aontachadh gum biodh e feumail sgrùdadh riaghlaich a dhèanamh an dèidh an 'options appraisal' a thèid fa chomhair a' bhùird sa Ghearran.

Bha buill toilichte a dhol air adhart leis a' Phlana, ach a' cumail cuimhne air a' phuing a chaidh a thogail a thaobh riaghlaich a. (Gníomhan: DC)

Thèid am Plana Obrachaidh a sgaoileadh ron Nollaig agus thèid coinneimh Bùird (air fòn) a chumail air ir 10/1/19. (Gníomh: MAMI)

### **14. Cùmhnan tan airson aonta a' Bhùird (seachad air £100k san uair)**

A rèir riaghailtean ionmhasail MG ALBA, feumaidh cosgais air prògraman nas àirde na £100k san uair, aonta a' Bhùird.

Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh aonta a' Bhùird airson FUNC 2, 4 irisean de 29 mionaid ann an gnèith comadaidh air a riochdachadh le The Woven Thread, air cosgais [FIOS

**GLÈIDHTE:** Chaidh seo aontachadh.

Chaidh moladh coimhead an ath-bhliadhna a bheilear a' dèanamh gu leòr comadaidh airson òigridh, a' coimhead ri tobraichean eile leithid Bòrd na Gàidhlig airson taic a chur ri leasachadh sgrìobhaidh is eile.

Bha fios cuideachd air beulaibh bhall mun tagradh soirbheachail a rinnear airson còirichean SPFL. Aig an àm cheart, thèid iarraidh air a' Chathraiche aontachadh ris a' chùmhant mar a thathas ag iarraidh sna Riaghailtean Ionmhasail airson cumhnantan seachad air £500k.

**15a. Poileasaidhean – Slàinte & Sàbhailteachd**

Bha Poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd air beulaibh bhall - a' leantainn atharrachaidhean a chaidh a mholadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 7/11/18 agus a chaidh a chuir an sàs leis a' Chomhairliche Slàinte agus Sàbhailteachd - agus bha aonta a' Bhùird ga shireadh.

Chaidh ceist a thogail am bu chòir slàinte inntinn a bhith mar phàirt den phoileasaidh.

Chaidh innse gu robhas a' coimhead ri seo a dhèanamh mar phàirt den mheasadh bliadhnaile agus bha buill riaraichte le sin.

Chaidh innse gun deigheadh cuireadh a thoirt don Chomhairliche Slàinte agus Sàbhailteachd a thighinn gu coinneamh na buidhne-stiùiridh agus an luchd-obrach san ùine tha romhainn agus gu coinneamh a' Bhùird sa Ghearran. (Gníomh: NMG)

Chaidh am poileasaidh aontachadh agus thèid a chuir air làrach-lìn na buidhne. (Gníomh: MAMI)

**15b. Poileasaidhean – Poileasaidh fastaidh agus Sgeama Thuarastail**

Bha Poileasaidh Fastaidh agus Sgeama Thuarastail ùr, le earrannan air a chur ris an Sgeama Thuarastal airson àrd-stiùirichean, air beulaibh bhall - a' leantainn atharrachaidhean a chaidh a mholadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 7/11/18 - agus bha aonta a'

Bhùird ga shireadh. Chaidh am poileasaidh aontachadh agus thèid a chuir air làrach-lìn na buidhne. (Gníomh: MAMI)

**16. Aithisg Bhliadhnaile Slàinte & Sàbhailteachd**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gum bi am Bòrd a' beachdachadh gach bliadhna air aithisg bhliadhnaile Slàinte is Sàbhailteachd, agus gu robh e na uallach reachdail gun tèid an aithisg chun a' Bhùird gus am bi am Bòrd fiosraichte agus comasach leasachaidhean iomchaidh a chur an gníomh.

Chaidh innse gun deach an aithisg air beulaibh Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaileidh air 7/11/18. Chaidh moladh no dhà a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gu robhas nas ro-ghníomhach mu chuid a rudan, leithid trioblaidean beaga a bha air èirigh agus nach robh follaiseachd gus an robh gearradh-dealain ann. Chaidh na h-atharraichean sin a dhèanamh agus 's e an tionndadh sin a bha air beulaibh bhall airson aonta.

Chaidh innse gu bheil an aithisg bhliadhnaile gu bhith dearbhadh gu bheil MG ALBA a' coileanadh dleastanasan a thaobh riaghailtean *Health and Safety at Work Act 1974*, a' dearbhadh gu bheil an t-àite-obrach sàbhailte agus gu bheil a h-uile cunnart a tha ann air a lùghdachadh mar bu chòir.

Bha buill riaraichte agus chaidh an aithisg a chomharrachadh. Chaidh taing a' bhùird a bhualeachadh air oifigearan airson an cuid obrach a thaobh slàinte agus sàbhailteachd.

**17. Aithisgean dèanadais – Q2 2018/19**

Bha aithisgean ràitheil a) Ionmhas b) BBC ALBA c) Air-loidhne agus na Meadhanan Sòisealta agus d) fiosrachadh air prògraman co-mhaoinichte air beulaibh bhall agus ghabh buill fa-near. Chaidh aontachadh bho seo a-mach fiosrachadh air prògraman co-mhaoinichte a chuir an lùib a' phuing 'Lèirsinn'. (Gníomh: MAMI)

**18. GISBE**

Cha robh gin.

**19. Clar choinneamhan 2019**

Cuiridh buill fios air ais mur a bheil gin de na deitichean freagarrach agus thèid tionndadh dhereannach den chlàr a chuairteachadh an dèidh sin. (Gniomh: MAMI)

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: